

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 28 Màrt 2024 aig 16.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

Michelle NicLeòid [MNL]

John N Dòmhnallach [JND]

Dòmhnall MacAoidh [DMA]

A' frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh [CNI]

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' Gheàrr-chunntais [OND]

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

MNL – Oilthigh Obar Dheathain

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Planaichean Gàidhlig

2.1. PGR029 E03 Comhairle Siorrachd Àir an Ear

Dh'aithris CNI air an treasamh eagraan de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear agus air an adhartas a rinneadh sna h-eagrain roimhe sin. Chaidh measadh a dhèanamh air an dreachd phlana seo le Bòrd na Gàidhlig agus ghabh Comhairle Siorrachd Àir an Ear ris na molaidhean. Thugadh taic don Chomhairle nuair a bha sin a dhìth, gu h-àraidh a thaobh foghlam.

Mhol Buill an co-obrachadh math eadar an Comhairle agus Bòrd na Gàidhlig. Mhol iad cuideachd am Plana, gu h-àraidh leis an co-chomhairle a rinneadh leis an luchd-obrach a sheall deagh ìre de ùidh ann a bhith a' leasachadh agus ionnsachadh na Gàidhlig.

Thog Buill beachd gu robh cothrom ann airson Gàidhlig a' chleachdadh ann an coinneamhan poblach far an robh e freagarrach agus iarrtas ann air a shon. Thug CNI fa-near don bheachd agus dh'innis i do Bhuill gun tog i leis a' Chomhairle.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am Plana Comhairle Siorrachd Àir an Ear mar a chaidh a thaisbeanadh.

2.2. PGR036 E02 Comhairle Siorrachd Rinn Friù

Dh'aithris CNI air an dàrna eagraan de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus air an adhartas a rinneadh sna h-eagrain roimhe sin. Chaidh measadh a dhèanamh air an dreachd phlana seo le Bòrd na Gàidhlig agus ghabh Comhairle Siorrachd Rinn Friù ris a mhòr chuid de na molaidhean agus far nach do ghabh, tha oifigearan a' Bhùird riarachta leis a' bhriathrachas a chleachd iad.

Thug CNI fios do Bhuill mu còmhraidhean a chaidh a chumail timcheall air briathrachais a chaidh a chleachdadh mu foghlam.

Thog Buill gu robh e inntinneach faicinn ciamar a b' urrainnear dèiligeadh le dìleab a' Mhòid agus gum biodh e inntinneach faicinn dè nì a' Chomhairle leis a seo.

Mhol Buill am Plana agus na h-amasan aig a' Chomhairle a thaobh suaicheantas is branndadh is thugadh fa-near ma thèid iad seo a choileanadh gum biodh e na thaic mhòr.

Thog Buill gu robh amasan cinn-là fada is farsaing agus dh'fhaighnich iad an robh oifigearan comhfhurtaile a thaobh aithisgean adhartais gum biodh seo ri sgrùdadh. Thug CNI gu robh earbsa gun tèid an obair seo a choileanadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear mar a chaidh a thaisbeanadh.

3. Prìomhachasan Ro-innleachdail

3.1. PGR028 E02 Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

Dh'aithris CNI air an treasamh eagraan de na Prìomhachasan Ro-innleachdail Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus air an adhartas a rinneadh sna h-eagrain roimhe sin. Chaidh measadh a dhèanamh air na Prìomhachasan Ro-innleachdail le oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus Stiùirichean na Comhairle.

Chaidh bruidhinn air an ùidh a th' aig a' Chomhairle agus an coimhearsnachd seo anns a' Ghàidhlig agus gu bheil seo a' dèanamh difear mòr dhan obair aca.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan Ro-innleachdail Siorrachd Àir a Tuath mar a chaidh a thaisbeanadh.

3.2. PGR050 E03 Oilthigh Obar Dheathain

Dh'fhàg MNL na coinneimh aig 16.48

Dh'aithris CNI air an treasamh eagraan de na Prìomhachasan Ro-innleachdail Oilthigh Obar Dheathain agus air an adhartas a rinneadh sna h-eagrain roimhe sin.

3rd eagraan. Adhartas air 2nd eagraan. Chaidh na Prìomhachasan Ro-innleachdail ullachadh ann an co-bhann le oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus ag ìre Stiùiriche an Oilthigh. Thugadh fios gu robh tòrr còmhraidhean air a bhith ann le oifigearan thar na mìosan a dh' fhalbh agus gu robhar am beachd gu bheil na prìomhachasan ro-innleachdail làidir is gum bi taic ro fhaighinn bho BnG tron phròiseas.

Thugadh fios mu na thàinig a-mach às a choinneamh a bh' aige leis an Oilthigh, gu robh e inntinneach coinneachadh riutha aig àm duilich dhuibh agus gu robh earbsa aige san obair a bhiodh iad a' dèanamh thar a' Phlana seo.

Thog Buill gu robh e feumail gu robh oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a' coinneachadh ris an Oilthigh agus gu bheil luchd-obrach an Oilthigh air cothrom fhaighin a cuir ris a' Phlana.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan Ro-innleachdail Oilthigh Obar Dheathain mar a chaidh a thaisbeanadh.

4. GISBE

Cha robh gin ann.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 07/05/2024

Deireadh an t-Seisein

Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh